




CHOMHAIRLE DHÙN PHRIS IS GHALL-GHÀIDHEALAIBH

Plana Gàidhlig

2022 – 2027



Clàr-innse

Ro-ràdh	4
Prìomh Phrionnsabalan	10
Geallaidhean a’ Phlana	12
Ceangal ris an Fhrèam Choileanadh Nàiseanta	23
Ceangal ri Frèamaichean Ionadail is Roinneil	23
Foillseachadh a’ Phlana	24
Mar a thèid am Plana mhaoineachadh	24
A’ sgrùdadh Coileanadh a’ Phlana	25
Am Plana Gàidhlig taobh a-staigh an Ùghdarrais Phoblaich	25
Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh Comasan Gàidhlig	28
Eàrr-ràdh 2 – Co-chomhairleachadh Poblach	30

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh’Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chuir Bòrd na Gàidhlig aonta ris air [ceann-latha an aonta]

Dealbh a’ Chòmhdach: Drochaid Dhearbhfhorgaill



Ro-Ràdh

'S ann toilichte's a tha sinn fàilte a chuir air dàrna eagraan Plana Gàidhlig Chomhairle Dhùn Phris agus Gall-Ghàidhealaibh, a mhìniceas ar n-àrd-amasan agus gnìomhan fad na còig bliadhna ri teachd (2022 – 2027).

Mar ùghdarras tha sinn a' toirt làn thaic do dh'amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus sinne a' cur fòcas air na h-oidhripean a leanas:

- Barrachd cleachdadh na Gàidhlig
- Barrachd ionnsachadh na Gàidhlig
- Brosnachadh ìomhaigh dheimhinneach na Gàidhlig

Chomharraich ar co-chomhairleachadh a thaobh leasachadh a' Phlana ùire againne gu robh ùidh anns a' choimhearsnachd againne agus aig ar luchd-obrach fhèin ann a bhith a' leasachadh sgilean Gàidhlig tuilleadh, a' brosnachadh mothachaidh agus a' cur am meud cothroman ceangailte ris a' Ghàidhlig air feadh na roinne againne agus tha sinn air seo a thoirt a-steach don Phlana-gnìomha ùr againne.

Tha àite cudromach aig a' Ghàidhlig ann an dualchas cànanach iomadach Dhùn Phris agus Gall-Ghàidhealaibh agus tha cothromanan cudromach ann ri obair còmhla ri prìomh chom-pàirtichean saor-thoileach leithid Gaelic Dumgal a bheir buannachdan cultarail agus

turasachd gu bàrr, gu h-àraidh ceangailte ri Roinnleachd Chultarail ùr do Dhùn Phris agus Gall-Ghàidhealaibh (2022-2030).

Tha sinn dhen bheachd gur e ceum adhartach a thaobh ar geallaidhean Gàidhlig mheudachadh tro Fhoghlam, conaltradh leasaichte, togail mothachaidh, trèanadh agus a' cuidicheadh ri pròifil na Gàidhlig àrdachadh air feadh na roinne againne 's a th' ann dàrna eagraan Plana na Gàidhlig againne seo.

Tha sinn a' dèanamh fiughair gu bhith ag obair gu dlùth ri Bòrd na Gàidhlig agus chom-pàirtichean ionadail rè na còig bliadhna ri theachd, a chuidicheas ri na h-àrd-amasan air am mìneachadh taobh a-staigh ar Plana a thoirt air adhart.



Comhairliche Archie Dryburgh
Cathraiche Comataidh
Choimhearsnachdan



Comhairliche Iain Caimbeul
Leas Chathraiche Comataidh
Choimhearsnachdan DGC

Ro-Ràdh

Tuairisgeul Dùn Phris Is Ghall-Ghàidhealaibh

Miannan Adhartais agus amasan Chomhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh

Tha ar Comhairle mhiannach air adhartas airson ar roinne, le fòcas air a bhith a' toirt taic dha na Coimhearsnachdan againn gu bhith soirbheachail agus tàcarach agus a' dèanamh cinnteach gun toir sinn seirbheisean àrd-chàileachd a libhrigeas ar prìomhachasan. Gach bliadhna bidh sinn a' caitheamh £351 millean air seirbheisean riatanach agus a' cur airgid an seilbh suas gu £50 milliean ri dhèanamh cinnteach gur e seo a th' ann an t-àite as fhèarr ri fuireach ann, obair agus ionnsachadh. Tha plana còig bliadhna na Comhairle againn a mhìneachas ar dòigh-dhèiligidh a dhèanamh cinnteach gun bidh ar seirbheisean agus gnìomhachasan ag obair ri chèile ris ar miannan adhartais a libhrigeadh.

Tha còig prìomhachasan agus dealasan ceangailte againn an lùib sin, a chuireas fòcas air na seirbheisean a tha sinn a' libhrigeadh, mar a leanas:

Togail an economaidh ionadail

- A' leudachadh ìrean sgilean taobh a-staigh ar coimhearsnachdan agus luchd-obrach
- A' toirt taic do ar gnothachasan beaga agus meadhanach, gan cur air bhonn agus fhàs
- A' cur airgid an seilbh air ar prìomh bhun-structar
- A' toirt suidheachaidh tarraingiche do ghnothachasan

A' toirt an toisich sa bheatha as fhèarr do gach uile pàiste

- A' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachd tràth ann, gu h-àraidh a chumail ar clann as so-leònte sàbhailte
- A' toirt airgid an seilbh ri chruthachadh sgoiltean a tha freagarrach airson na 21mh Linne, a tha aig teis-mheadhain ar coimhearsnachdan
- Piseach a thoirt air miann air adhartas agus coileanadh, gu h-àraidh a cheartachadh neo-ionannachd
- A' toirt taic do chloinn a bhith fallain agus gnìomhail

A' dìon ar dhaoine as so-leònte

- A' dèiligeadh ri adhbharan agus buaidh neo-ionannachd agus bochdainn

- A' cuideachadh dhaoine nas aosda agus so-leònte beathannan fallain agus neo-eisimeileachd fhaighinn
- A' dèanamh cinnteach gum faigh daoine nas aosda no so-leònte an cùram agus taic a dh'fheumas iad
- A' cumail ar choimhearsnachdan sàbhailte

A' bhith nar Comhairle in-ghabhaltach

- A' dèanamh cinnteach gu bheil muinntir an àite agus coimhearsnachdan aig teas-mheadhain ar modh co-dhùnaidh
- A' toirt ùghdarras do ar coimhearsnachdan buannachdan an cuid so-mhaoine fhaighinn
- A' leudachadh cothroman ionannachd

A' toirt freagairt gu deifireach gu atharrachadh gnàth-thìde agus an eadar-ghluasad gu bhith nar roinn neodrach a thaobh càrboin

- A' brosnachadh thuigsinn mun dòigh anns a bheil sinn a' fuireach agus ag obair san roinn agus am buaidh air atharrachadh gnàth-thìde
- A' toirt ùghdarras do coimhearsnachdan agus luchd-ùidh atharrachaidhean brìgheil a dhèanamh a thaobh lùghdachadh eimiseinan agus a ghabhail ri dòigh-dhèiligidh beag-charboin
- A' toirt stiùir air an eadar-ghluasad gu teicneòlas a tha nas glainne agus nas uaine

- A' brosnachadh agus a' dìon àrainneachd ar roinne
- A' leudachadh gu eaconomaidh nas uaine, a' toirt lùth uaine taisgte na roinne gu bàrr

Tha sinn dealas gu bhith a dhèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan ionadail aig teismheadhain modh co-dhùnaidh. Mar Chomhairle a tha èifeachdach agus ùr-ghnàthach, tha sinn in-ghabhaltach agus fosgailte anns a h-uile rud a nì sinn. Tro uàrdan ionadail agus Buill Taghte, tha sinn ag obair ri thuigsinn agus fheargairt nas fhèarr gu feumalachdan agus cùisean toinnte atharrachail. 'S ann riatanach 's a tha sùbailteachd agus cruthachalachd san dòigh anns a dhèiligeamaid leis na feumalachd seo a-nis.

Cruinn-eòlas agus eòlas-sluaigh

'S e sgìre fa leth àlainn air an àirde an iar-dheas na h-Alba, eadar na Monaidhean a Deas agus costa Linne Shalmhaigh agus Cuan na h-Èireann a th' ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh. Aithnichte air feadh an t-saoghail mar àite-breith Chrìostachd an Alba, tha Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh a' buain bhuannachdan na beatha an latha an-diugh, a bharrachd air ceanglaichean faicsinneach ri eachdraidh bhrioghmhor chudromach.

'S e th' ann Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh an treas roinn nas motha na h-Alba, thar 6,426 km² - 8.2% talamh iomlan na h-Alba air fad. Tha 149,670 duine a' fuireach ann - 2.8% àireamh-shluaigh iomlan na h-Alba. Thathar a' ro-mheasadh gun tuit an àireamh-shluaigh air fad gu bhith nas fhaig air 141,000 ro 2037, sìos 6.1%.

'S e Dùn Phris a th' anns a' bhaile as motha againn le 39,240 duine, an uair sin An t-Sròn Reamhar (10,510) agus Anainn (8,920). Tha Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh cuideachd a-measg nan sgìrean nas dùthchaile na h-Alba. Sinne an treas ùghdarras nas dùthchaile air an tìr-mhòr, le 19.6% nan daoine a' fuireach ann an àiteachan dùthchail iomallach; agus tha faisg air leth chuid nan daoine air fad (45.8%) a' fuireach ann an sgìrean dùthchail. Chan eil càr neo bhana aig mu timcheall air aon dachaidh a-mach à còig. Le sin, feumaidh gum bi na seirbheisean 's a tha sinn a' tairgsinn a bhith ri làimh gu h-ionadail agus so-ruigsinn do ar daoine agus an coimhearsnachdan.

Tha ro-mheasaidhean àireamh-shluaigh bho chionn goirid a' sealltainn gum bi 3,040 daoine nas lugha a tha neo a tha fo 18 a' fuireach san roinn ro 2039, sìos 10%. 'S ann coltach gum fàs an diofar eadar àireamhan dhaoine seann is òg thairis air ùine. Thathar a' ro-aithris gum fàs an uiread dhaoine a tha 65-84 ann an 25% ro 2037 agus an uiread chloinne agus inbhich aois obrachaidh gu bhith a' tuiteam. Feumaidh sinn daoine òga a ghlèidheadh ann agus a thàladh dhan roinn airson an eaconomaidh a dh'fhàs agus an cuid sgilean a leasachadh.



Clas còmhraidh Gàidhlig air a dèanamh comasach le Gaelic Dumgal

Gàidhlig ann an Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh

Thathar a' smaoinichadh gun tàinig a' Ghàidhlig a Dhùn Phrìs is Ghall-Ghàidhealaibh eadar an 6mh agus an 9mh linn, nuair a ghluais Scotti, aig an robh Ghàidhlig, thar Cuan na h-Èireann. B' e iad seo a dh' ainimich mòr-chuid nam feartan-tìre, gu seachd-àraidh air an àirde an iar na sgìre (Na Rannaibh agus Machair Ghall-Ghàidhealaibh ach cuideachd Na Gleanntan Cain); 's e th' ann feart so-aithnichte na sgìre againne 's a th' ann na h-ainmean seo, ged a thathar air an litreachadh atharrachadh gu bhith freagarrach do luchd-labhairt Albais agus Beurla nach eil a' tuigsinn tuilleadh ciall nan ainmean a tha mu timcheall orra.

Mun 9mh linn bhuinneadh Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh gu ranntair far an robhar a' bruidhinn cànan Ceilteach, a bha coltach ris an fhear a tha fhathast beò sa Chuimrigh, a rèir coltais.

Tha na cànan Ceilteach gan roinn eadar dà mheur, na cànan "P" is "Q". Am measg nan cànan "P" tha Cruithnis, Cuimris, Còrnach is Breatannais; is Gàidhlig, Gaeilge is Gàidhlig Mhanainneach sa bhuidheann "Q". Ged a tha càirdeas ann eatorra, bha iad eadar-dhealaichte gu leòr bho chèile fiù's san 6mh Linn gum feumadh Bridei, Rìgh nan Cruithneach, eadar-theangair nuair a choinnich e ri Calum Cille.

'S e ainmean-àite bho ghach cèarn air an àirde an iar na h-Aibhne Anainn a th' anns an fhianais a dhearbhas gu robh a' Ghàidhlig san sgìre seo, agus tha òran ann, a tha fo dheasbad, a thathar ag ràdh a chaidh a sgrìobhadh san sgìre seo, a bheir iomradh air Dail Ruigh, An Còrsa Feàrna agus Loch a' Bhàrr. Tha an t-ainm Gall-Ghàidhealaibh a' toirt luaidh air slugh measgaichte Gàidhlig is Lochlannach na sgìre. Faodaidh gun do mhair a' Ghàidhlig mar chànan beò ann an Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh gu ruige an 17mh Linn ach chuireadh Beurla Ghallta na h-àite beag air bheag, gu h-àraidh air an àirde an ear na roinne. Chithear bho mhòran ainmean-àite sa Ghàidhlig a mhair an seo gun do chuthachadh a' mhòr-chuid dhuibh o chionn



Gaelic learners from a class in Easttrigg

beagan linntean. Gu dearbh, tha iomadach eileamaid topo-eòlasach Gàidhlig ann air an àirde an iar na roinne gu h-àraidh baile (Baile Mhic Aoidh, Baile MhicIllFhaolain) agus achadh (Achadh nan Càrn, Achadh na Meilge).

Gheibhear eisimpleirean de sgaoileadh farsaing ainmean-àite Gàidhlig ann an Alba aig na làraichean- www.ainmean-aite.scot

agus nas ionadaile aig Ainmean-Àite nan Glinne Gall-Ghàidhealaibh <https://kcb-placenames.glasgow.ac.uk/>.

S e leabhar a bhruidhinneas mun dualchas Gàidhlig cudromach san sgìre ionadail againne 's a th' ann Galloway: The Lost Province of Gaelic Scotland. Chaidh fhoillseachadh ann an 2022 agus tha e rim faighinn tro Chomhairle nan Leabhraichean aig <https://www.gaelicbooks.org/?s=Galloway>. Tha leth-bhreacan an leabhair seo cuideachd rim faighinn ann an cuid de na leabharlannan ionadail againne air feadh Dhùn Phrìs agus Gall-Ghàidhealaibh.

Bho chionn goirid, sheall Cunntas-sluaigh 2011 gu robh na leanas ann an sgìre Chomhairle Dhùn Phrìs is Ghall-Ghàidhealaibh:

% Luchd-labhairt na Gàidhlig ann an 2001
0.9% (740 duine)

% Luchd-labhairt na Gàidhlig ann an 2011
0.7% (968 duine)

N.B. Bidh fiosrachadh agus staitistigs nas ùire ri làimh an dèidh a' chunntais-shluaigh 2022.

Gàidhlig ann an Alba

Sheall cunntas-sluaigh 2011 gu robh sgilean Gàidhlig air chòireigin aig mu 87,000 daoine an Alba (mu 1.7% nan daoine). Dh'fhàs an uiread luchd-labhairt fo 25 airson a' chiad turais, ged a thuit am figear iomlan beagan. 'S ann deatamach gun toirear taic dhan uiread luchd-labhairt òga na Gàidhlig a tha a' fàs ris a' chànan a chleachdadh agus ga toirt dhan ath-ghinealach, airson a' Ghàidhlig a ghlèidheadh mar chànan bèo.

'S ann cudromach far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig. Sheall an cunntas-sluaigh gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach anns a' mhòr-chuid nan coimhearsnachdan air feadh na h-Alba, mu 50% air a' Ghàidhealtachd agus nan Eilean, agus 50% air feadh an còrr dhen dùthaich.



Orcastra Fidhle a' cluiche aig oidhche na taigeise

Achd Na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba leis a' bheachd inbhe na Gàidhlig a thèarnadh mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh urram co-ionnan ri Beurla.

'S e an solar a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh, aon de phrìomh fheartan na h-Achd 2005. Chaidh an solar seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gum bi an raon poblach ann an Alba a' coileanadh a dhleastanasan ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd dhan a' Ghàidhlig san àm ri teachd, ag àrdachadh a h-inbhe agus a h-iomhaigh is a' cruthachadh chothroman practaigeach ga cleachdadh.

'S e th'ann an sgrìobhainn seo Plana na Gàidhlig Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh, air ullachadh taobh a-staigh frèama Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Seallaidh sin mar a chleachdamaid a' Ghàidhlig nar cuid obrach, mar a chuidicheadh cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a' mhòr-shluagh agus prìomh chom-pàirtiche, agus mar a bhrosnaicheadh is a leasicheadh a' Ghàidhlig.

Thathar air Plana na Gàidhlig Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh ullachadh ann an co-rèir ris na slatan-tomhais reachdail air an cur a-mach anns an Achd bho 2005, Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh mu leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Gnàthasan litreachadh na Gàidhlig – cùl-eòlas agus mìneachadh

'S e an dòigh a tha a' Gàidhlig ga sgrìobhadh 's a th' ann an Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC). Chaidh panail a stèidheachadh ann an 1976 a rannsaicheadh ceistean ceangailte ri sgrìobhadh na Gàidhlig agus a chruthaicheadh stiùireadh a dhèiligeadh ri mi-chòrdalasan sgrìobaidh agus a dhèanadh cinnteach gu robhar a' gabhail ri Gnàthachas Litreachadh ùghdarrasach. Chaidh na toraidhean fhoillseachadh ann an 1981 agus tha iad air a bhith nan bunait luachmhor do dh' iomadh raon leasachadh na Gàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig a' fàs ann an iomadh raon beatha poblach ann an Alba. Thàinig feum air briathrachas ùr dhan bhàrr air sgàth 's gu bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' fàs, leudachadh na Gàidhlig anns na meadhanan agus barrachd cleachdadh a' chànan ann an rianachd phoblach ann. Gèillidh Comhaile Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh gu buileach ri GOC.

Plana Nàiseanta Na Gàidhlig

Tha Comhairle Dhùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh a' toirt taic don amas sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig airson 2018-23 "gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean."

Tha sinn dealasach an t-amas sin a choileanadh tro bhith a' dèanamh fòcas air na trì cinn-uidhe a leanas nar n-obair:-

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar buidhne agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig, nas trice, nuair a tha iad ag eadar-obrachadh rinn.
- A' toirt fàs air na cothroman a th' ann do dhaoine Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt den obair làitheil againn.
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig nuair as urrainn dhuinn mar phàirt de dh'obair làitheil na buidhne.

Sgrùdadh Air Comasan Gàidhlig An Luchd-Obrach

Chaidh In-sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach a dhèanamh eadar 15mh an t-Sultainn agus 29mh an Dàmhair 2021.

Chruthaich seo 255 freagairtean thar na Buidhnean-stiùiridh a leanas:

- Buidhnean-stiùiridh Choimhearsnachdan (83)
- Eaconomaidh agus Goireasan (51)
- Sgilean, Foghlam agus Ionnsachadh (97)
- Obair shòisealta (24)

Prìomh theachdaireachdan

- Bha ùidh aig 107 (42%) ann an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh tro thuilleadh trèanaidh.
- Tha 6 (2.3%) air an cuid sgilean Gàidhlig a chleachdadh mar phàirt nan ròlaichean san àite obrach.
- Bha fios aig 20 (7.8%) gu robh na 8 modalan sgilean Gàidhlig a-staigh ri làimh air loidhne.
- Tha luchd-obrach na Comhairle air 13 modalan fa leth a choileanadh.

- Bha ùidh aig 58 (23%) ann an clasaichean còmhraidh Gàidhlig.
- Bha ùidh aig 85 (33%) ann an clasaichean Gàidhlig.
- Bha ùidh aig 25 (10%) ann an gnìomhan sòisealta Gàidhlig.
- Bha 21.6% (55) dhen bheachd gu robh A' Ghàidhlig na phàirt chudromach obair na Comhairle. Bha 44.5% dhen bheachd nach robh i cudromach agus bha 33.9% dhen fhreagairtean neodrach.
- Bha ùidh aig 38 dhen luchd-obrach ri taic a thoirt do dh'ionnsachadh na Gàidhlig.
- Bha ùidh aig 36% ann a bhith a dh'ionnsachadh barrachd mu Achd na Gàidhlig.
- Bha ùidh aig 35.5% dhuibh ann an Seiseanan Mothachaidh ri thuigsinn buntanas Plana Gàidhlig Comhairle Dhùn Phris agus Ghall-ghàidhealaibh.

Gheibhear anailis nas mionaidiche air toraidhean na suirbhidhe aig èarr-ràdh 1.

Co-Chomhairleachadh Air Dreachd A' Phlana

Chaidh co-chomhairleachadh saoranach a dhèanamh air dreachd a' phlana eadar 15mh an t-Sultainn agus 29mh an Dàmhair 2021. Bha sin air a bhrosnachadh tro na leanas:

- Meadhanan Sòisealta (Twitter agus Facebook)
- Làrach-lìn na Comhairle
- Meadhanan Ionadail
- Litir-naidheachd Coimhearsnachd
- Liostaichean cuairteachaidh an dà chuid taobh a-muigh is a-staigh
- Chaidh buidheann fòcais fa leth còmhla ri Gàidhlig Dumgal a dhèanamh comasach cuideachd

Bha an t-suirbhidh fhèin ri làimh an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig tro Microsoft Forms agus chaidh 144 freagairtean foirmeil a thàrmachadh bho shaoranaich. Bha dreachd a' phlana ri làimh sa Ghàidhlig air làrach-lìn na Comhairle cuideachd.

Tha Buil Co-ionannachd ann mun stuth againn a tha ri làimh ann an cànan eile, mar a leanas:

<https://dumfriesgalloway.moderngov.co.uk/documents/s29347/Equality Act 2010 Statutory Reporting 2021 - 2025 Appendix 3 FINAL.pdf>

Eòlas-sluaigh mun fheadhainn a choileanaich an t-suirbhidh:

Fireann	Boireann	Thar-ghnèitheach	B' fheàrr gun a ràdh
48	92	2	2

Aois (àireamh luchd-freagraidh ann an camagan)

0-15	16-24	25-34	35-44	45-54
(0)	(6)	(16)	(22)	(35)
55-64	65-74	75-84	Seachad air 85	B' fheàrr gun a ràdh
(41)	(18)	(3)	(0)	(3)

Fhuair 375 beachdan mu na 6 prìomh raointean ceiste a thaobh dreachd a' phlana.

- Bha 167 beachdan (45%) cuideachail air neo neodrach mu shusbaint a' phlana.
- Bha 208 beachdan (55%) an aon chuid diùltach no gun cheangail ri susbaint a' phlana fhèin.

Sgilean Gàidhlig

	Bunaiteach	Eadar-mheadhanach	Fileanta	Càil sam bith
Leughadh	21 (15%)	7 (5%)	4 (3%)	106 (77%)
Sgrìobhadh	16 (18%)	5 (6%)	5 (4%)	64 (72%)
Labhairt	22 (24%)	7 (8%)	2 (2%)	59 (66%)
Tuigsinn	19 (21%)	7 (8%)	4 (4%)	60 (67%)

- Thuir 52 daoine (24%) gum biodh ùidh aca ann an clasaichean còmhraidh Gàidhlig.
- Thuir 42 daoine (19%) gum biodh ùidh aca ann an clasaichean Gàidhlig.
- Thuir 35 daoine (16%) gum biodh ùidh aca ann an gnìomhan sòisealta Gàidhlig.

Gheibhear anailis nas mionaidiche air toraidhean na suirbhidhe aig eàrr-ràdh 2.

Prìomh-Phrionnsabalan

Spèis co-ionann

Fo Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obrachadh le amas inbhe na Gàidhlig a ghlèidheadh mar chànan oifigeil de dh'Alba a' faighinn spèis co-ionnan ris a' Bheurla agus tha am Bòrd a' sùileachadh ri linn seo gun dearbhaich ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca ciamar a thèid am prionnsabal seo a choileanadh agus a chumail suas ann an cleachdadh.

Nì Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh cinnteach, far a bheil Gàidhlig na pàirt de na h-obraichean is seirbheisean againn gu bheil iad seo gu dearbh den aon ìre agus luach riuthsan a tha sinn a' tairgsinn ann am Beurla.

Cothroman Follaiseach

Bheir Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh cothroman follaiseach air ar seirbheisean Gàidhlig do ar luchd-obrach agus don mhòr-shluagh, far a bheil iarrtas ann. Le sin, nithear cinnteach, nuair a tha sinn a' tabhann sheirbheisean Gàidhlig, gum bithear a' dèanamh sanasachd orra am measg luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, agus gun tèid am brosnachadh gu bhith gan cleachdadh.

Le sin, cha bhi e mar uallach air an neach fhèin an t-seirbheis Ghàidhlig iarraidh agus bheir sin

misneachd do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gun tèid frithealadh air na feumalachdan aca ma thogras iad. Far a bheil seirbheisean Gàidhlig ri làimh, cuiridh sinn iad am follais air an làrach-lìn againn, tro na meadhanan sòisealta agus sianalan ionadail eile.

Nì sinn cinnteach gu bheil ar seirbheisean Gàidhlig a cheart cho ruigsinneach 's a tha ar seirbheisean Beurla.

Tha Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh a' tairgsinn agus a' brosnachadh 8 Modalan Ionnsachadh na Gàidhlig airson ar luchd-obrach mar-thà, tron ghoireas trèanaidh agus ionnsachadh air loidhne againn. Beachdaichidh sinn air mar a leudaicheas sin ar tairgse, cleachdadh agus coileanadh na trì modalan sin fad beatha Dreach seo a' plana againn.

Compàirteachas na Treas Earrainn

'S ann fortanach 's a tha Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh leis gu bheil Gàidhlig Dumgal ann, buidheann choimhearsnachd a tha glè ghnìomhach, dealasach, a libhrigeas mòr-chuid ionnsachadh na Gàidhlig sa roinn. Aig an ìre seo, tha Gàidhlig Dumgal a' tabhann 5 clasaichean Gàidhlig, bho luchd-tòiseachaidh gu ruige daoine comasach, ann an Eastriggs, Dùn Phris, Caisteal Dhùghlais agus Baile na h-Ùige. Thathar cuideachd a' tabhann dà chlas air Zoom do dhaoine a tha fo chùram mu ionnsachadh aghaidh ri aghaidh ri linn Chovid. Bha 78

luchd-ionnsachaidh air an clàradh le Gàidhlig Dumgal uile gu lèir san t-seisean 2019 - 2020, an àireamh as àirde air a chlàradh gu ruige seo. A bharrachd air clasaichean Gàidhlig, bidh Gàidhlig Dumgal a' ruith thachartasan cultarail Gàidhlig gu cunbhalach, mar òraidean, leughaidhean bàrdachd agus tachartasan ciùil. Bha 38 daoine an làthair aig an Oidhche na Taigeis Ghàidhlig mu dheireadh, a chaidh a chumail sa Ghearran 2020. Tha Gàidhlig Dumgal air com-pàirteachas a chuthachadh le taigh-dealbh choimhearsnachd iondail Taigh-dealbh Raibeart Burns (RBFT), agus chaidh aca air 4 filmichean Gàidhlig a shealltainn agus mòran a bharrachd ri thighinn. Thathar cuideachd a' ruith Làithean Mothachadh na Gàidhlig, a bhronaicheas luchd-ionnsachaidh ùra agus a bheir taic do bhuidheann sheinn bheag air a bheil Na Seinneadairean, a bharrachd air Fèis an Iar Dheas bhliadhnail. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu Gàidhlig Dumgal aig a' cheangal a leanas:

[GàidhligDumgal – Tha Gàidhlig Dumgal a' cuideachadh ri cultar agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an Iar-dheas na h-Alba \(gaidhligdumgal.org\)](#)

Leanaidh Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh oirnn ag obair còmhla ris ar com-pàirtiche sa choimhearsnachd air feadh na roinne fad beatha Dreach seo a' Phlana againn.

A' Dèanamh Gàidhlig Na Pàirt Àbhaisteach De Dh'obair An Ùghdarras

Nì Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh cinnteach gum bi cothroman na don mhòr-shluagh agus do ar luchd-obrach airson Gàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh far bheil ùidh agus iarrtas ann, mar thaic don amas sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

Geallaidhean A' Phlana

Amasan Àrd-ìre

A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Taic a thoirt do bhuidhnean cultar is cànan Gàidhlig ùra is seann air feadh CDG gus pròifil is cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh.
A' bhuil air a bheilear ag amas	<ul style="list-style-type: none"> Tha an t-ùghdarras ionadail air ceanglaichean brioghmhor a leasachadh le buidhnean a th' ann mar-thà, a tha a' cuideachadh ri pròifil is cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh.
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Ceanglaichean neo-fhoirmeil ri còrra bhuidheann ann mar-thà. Gàidhlig Dumgal air aithneachadh leis an ùghdarras mar phrìomh sholaraidhe is comasaiche ionnsachadh na Gàidhlig is gnothaichean is tachartasan cultarail an lùib sin mar-thà.



Càrn na h-Ulaidhe

Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> A' leantainn air adhart a' togail dhàimhean deimhinneach agus tuigsinn co-roinnte ri buidhnean is eagrachan saor-thoileach mu Dhreach seo a' Phlana Ghàidhlig. A' lorg is aontachadh co-dhiù trì chothroman beanailteach is fìor, far am faod an t-ùghdarras sin a chuideachadh. Cothroman taic airson a ghabhail ri Dualchas Gàidhlig san roinn againne. A' dèanamh sgrùdadh luach dualchais Ghàidhlig agus a' beachdachadh air ceanglaichean ri turasachd. A' cuideachadh ri' bhrosnachadh Fìolm Gàidhlig tron taigh-cluiche Raibeart Bhurns agus ionadan eile. Cuiridh sinn tagradh ann do Mhaoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) gus taic a thoirt do ghìomhachasan leasachaidh.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Lorgaidh sinn maoinachadh airson Sgrùdadh Luach Dualchais na Gàidhlig a choimiseanachadh ro dheireadh 2022 le iomradh ri choileanadh ro mheadhan 2023.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Gàidhlig na Comhairle (ann an co-bhann ri Gàidhlig Dumgal)

A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ire	Conaltradh le luchd-ùidh a thaobh na leanas: <ul style="list-style-type: none">• Stèidheachadh Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig• Comasan Foghlam Luchd-ionnsachadh (GLE) sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil a leudahadh agus a' gabhail a-steach ghoireasan E-sgoil san àrd-sgoil.• A' stèidheachadh Chomasan Solarachadh Gàidhlig anns na Tràth bhlianaichean agus a' toirt taic do theaghlaichean agus buidhnean sa choimhearsnachd le ùidh ann a bhith a' leasachadh na Gàidhlig anns na Tràth bhlianaichean.• Ag obair còmhla ri com-pàirtichean a bhrosnachadh agus leasachadh cothroman Gàidhlig ionnsachadh taobh a-staigh ar coimhearsnachdan.• A' brosnachadh gu gnìomhail agus a' cuideachadh le cothroman Gàidhlig ionnsachadh airson ar luchd-obrach, a' toirt air adhart na prìomh ùidhean às an Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig 2021 na measg.
Buil air a moladh	<ul style="list-style-type: none">• Tha an t-ùghdarras ionadail air conaltradh a dhèanamh le luchd-ùidh ri chomharrachadh agus measadh iarrtas airson barrachd solarachadh Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais.• Tha an t-ùghdarras ionadail air conaltradh a dhèanamh le Bun is Àrd-sgoiltean a thaobh GLE agus thathar air targaidean aontachadh agus chuireadh plana-gnìomha air dòigh an lùib sin.• Roghainnean a thaobh iarrtais ùire a nochdas air am measadh agus molaidhean air am beachdachadh le Comataidh Foghlaim is Ionnsachadh, far a bheil sin iomchaidh/riatanach.• Tha an t-ùghdarras air obair còmhla ri com-pàirtichean airson cuideachadh ri leasachadh agus brosnachadh cothroman ionnsachadh na Gàidhlig.• Tha àireamh luchd-obrach na Comhairle a chleachdas ar tairgse Ghàidhlig air loidhne air a h-àrdachadh 10% gach bliadhna bho bhun-loidhne ann am bliadhna 1.
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none">• Tha an t-ùghdarras mothachail air a chuid dhleastanasan reachdail a thaobh Achd an Fhoghlaim Alba agus Achd na Gàidhlig.• Tha sreath modalan ionnsachaidh na Gàidhlig air loidhne aig an ùghdarras.• Tha an t-ùghdarras a' cumail ceanglaichean neo-fhoirmeil le com-pàirtichean ionadail.

<p>Na gnìomhan a tha dhìth</p>	<p>Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME)</p> <ul style="list-style-type: none"> • A’ dèanamh làn obair conaltraidh a thaobh foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig. • A’ leasachadh plana-gnìomha a bhrosnaicheas is a libhrigeas GME anns na bun-sgoiltean agus/no tràth bliadhnichean le sùil ri seirbheis GME a sholarachadh taobh a-staigh beatha a’ phlana. • Ionnsachadh na Gàidhlig (GLE) (Bun-sgoil) • Thèid in-sgrùdadh a dhèanamh anns gach uile bun-sgoil a chuireas air dòigh bun-loidhne airson libhrigeadh na Gàidhlig mar L3 – Bliadhna 1. • A rèir toraidhean na suirbhidhe agus ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig, chuirear targaid air dòigh gus solar L3 a leasachadh anns na bun-sgoiltean – Ceann-là targaide – Bliadhna 2. • A rèir toraidhean na suirbhidhe cruthaichidh a’ Chomhairle plana leasachaidh a chuirea barrachd solar L3 air dòigh– Ceann-là targaide Bliadhna 2. • Taobh a-staigh a’ Phlana airson libhrigeadh na Gàidhlig mar L3, Nì a’ Chomhairle cinnteach gum bidh trèanadh freagarrach ann do luchd-teagaisg agus gum bidh goireasan ann a nì comasach libhrigeadh soirbheachail na Gàidhlig mar L3. • Ionnsachadh na Gàidhlig (GLE) (Àrd-sgoil) • Thèid in-sgrùdadh a dhèanamh anns gach uile àrd-sgoil a chuireas air dòigh bun-loidhne airson libhrigeadh na Gàidhlig mar Nuadh-chànan – Bliadhna 1. • A rèir toraidhean na suirbhidhe nithear plana leasachaidh a chuireas air dòigh barrachd solar ionnsachadh na Gàidhlig anns na h-àrd-sgoiltean le targaid air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig – Ceann-là targaide bliadhna 3. • Beachdaichear air far as urrainnear mothachadh mu Chànan agus Cultar na Gàidhlig a chur a-steach ann an libhrigeadh IDL anns na h-àrd-sgoiltean.
---------------------------------------	---

	<ul style="list-style-type: none"> • Beachdamaid air implichdean airson Sgìlean, Foghlam agus Ionnsachadh a thaobh roghainnean, comas, goireasan and cosgaisean an dèidh an In-sgrùdaidh an dà chuid anns na bun agus àrd-sgoiltean. • A’ leantainn oirnn a’ leasachadh agus a’ brosnachadh chothroman ionnsachadh na Gàidhlig airson ar luchd-obrach agus feuch gun leudaichear agus fàs ar tairgse loidhne. • A’ beachdaich air ion-dhèanatachd tachartasan ionnsachadh na Gàidhlig/clasaichean aig an deireadh-sheachdainn/saor-làithean sgoile bho sgoiltean san sgìre a dhèanamh comasach.
<p>Ceann-latha Coileanaidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A’ dèanamh conaltraidh agus measadh roghainnean a thaobh GLE anns na sgoiltean ro dheireadh Bliadhna 1. • A’ cur air dòigh targaidean airson libhrigeadh GLE ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig nuair a choileanas an t-suirbhidh/conaltradh – Bliadhna 2 (Bun-sgoiltean) and Bliadhna 3 (Àrd-sgoiltean). • A’ leantainn oirnn a’ leasachadh agus a’ brosnachadh leantainneach cothroman ionnsachadh na Gàidhlig airson ar luchd-obrach. • A’ beachdaich air roghainnean gus toglaichean sgoile a chleachdadh airson tachartasan ionnsachaidh/clasaichean Gàidhlig a chumail aig an deireadh sheachdain/làithean saora sgoile, a’ cleadhachd maoineachaidh GLAIF gus seiseanan pileatach/blasaid a thoirt air ahdart ro dheireadh 2022. • Ag aontachadh co-dhiù trì cothroman far am faod an t-ùghdarras taic a thoirt do leasachadh ionnsachadh na Gàidhlig còmhla ri com-pàirtichean ro dheireadh 2022.
<p>An urra ri</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Buidheann Buileachadh Gàidhlig na Comhairle (ann an co-bhann ri Gàidhlig Dumgal) • Roinn Foghlaim agus Ionnsachadh • Roinn Choimhearsnachdan

A' cur deagh iomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Amas Àrd-ire	A' dèanamh conaltraidh le luchd-ùidh gus mothachadh mu ghnothaichean ceòlach, cultarail agus cànanach a leudachadh. A' stèidheachadh agus a' gleidheadh Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig le riochdachadh bho gach uile dàimh na Comhairle.
Buil air a moladh	<ul style="list-style-type: none"> Tha an t-ùghdarras air obrachadh còmhla ri com-pàirtichean ri aithneachadh chothroman a chuireas am meud mothachadh mu ghnothaichean ceòlach, cultarail agus cànanach. A' Buidheann Buileachadh Gàidhlig a th' ann mar-thà air a leudachadh, a' gabhail a-steach riochdairean bhon a h-uile Buidheann-stiùiridh na Comhairle.
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Tha an t-ùghdarras a' cumail cheanglaichean neo-fhoirmeil le com-pàirtichean ionadail. Tha an t-ùghdarras a' cumail thachartasan leanntainneach anns na bun-sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh (YMI). Tha mion Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig ann mar-thà, le riochdachadh bho Fhoghlam is Ionnsachadh agus Coimhearsnachdan.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Ag aontachadh co-dhiù trì cothroman brioghmhor far am faod an t-ùghdarras taic a thoirt do agus obrachadh còmhla ri com-pàirtichean gus ionnsachadh na Gàidhlig a leasachadh. A' rannsachadh chrothroman tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh aig Comhairle Dhùn Phris agus Gall-Ghàidhealaibh gnìomhan ceangailte ris a' Ghàidhlig a chur am meud. A' cur am meud com-pàirteachas anns a' Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig a th' ann mar-thà, a bhith cinnteach gum bi gach Buidheann-stiùiridh an sàs ann.

Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ag aontachadh chothroman brioghmhor còmhla ri com-pàirtichean ro dheireadh 2023. A' cur am meud com-pàirteachas anns a' Buidheann Buileachadh ro dheireadh 2022.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig (ann an co-bhann ri Gàidhlig Dumgal)

Amasan Airson Seirbheisean Corporra

Inbhe

A' bhuil air a bheilear ag amas	An suaicheantas is iomhaigheachd Thèid an suaicheantas is iomhaigheachd chorporra a dhealbhadh ann an Gàidhlig agus Beurla a' chiad chothrom a gheibhear agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith a bhios ann. Bu chòir an aon ìre follaiseachd a bhith ann airson an dà chànan san t-suaicheantas.
Na tha a' tachairt an-dràsda	Geàrr-abairt dhà-chànanach air làrach-lìn na Comhairle tràth ann an 2021 an dèidh aonta aig làn-choinneamh Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh. Tha aithrisean-àichidh puist-dealain air an toirt gu buil, an dà chuid anns a' Ghàidhlig agus Albais, a tha deiseal airson an sgaoileadh.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> A' beachdachadh air mar as urrainnear an t-ainm-brand a leudachadh ann an raointean eile, mar shoidhnichean.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Làn mheasadh, a' gabhail a-steach chosgaisean, agus cunntas a thoirt air sin ro phuuing-meadhain Dreach seo a' phlana. A' beachdachadh air cleachdadh Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) gus neodrachd chosgaisean a ghleidheadh. Aithrisean-àichidh puist-dealain roghainneil agus ainmean-sgrìobhte air an sgaoileadh, tràth ann an 2022.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig

A' bhuil air a bheilear ag amas	Soighnichean Thèid Gàidhlig agus Beurla a chleachdadh air soighnichean follaiseach mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Aonta air ruigsinn aig Comataidh Coimhearsnachdan na Comhairle san Fhaoilleach 2020 gun atharraicheadh soighnichean "welcome to" le soighnichean dà-chànanach nuair thèid soighnichean ionadachadh.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Sgrùdadh air suidheachadh nan soighnichean "welcome to" a th' ann mar-thà, a chuidicheas ri prìomhachas a thoirt do dh' ionadachadh. A' leantainn oirnn a dhearcnachadh air mar a thèid soighnichean ùrachadh. A' beachdachadh air tagraidhean on choimhearsnachd nuair am faighear iad. A' beachdachadh air leudachadh shoidhnichean a bharrachd air shoidhnichean "welcome to" a-mhàin.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Làn mheasadh, a' gabhail a-steach chosgaisean, agus cunntas a thoirt air sin ro phuing-meadhain Dreach seo a' phlana, agus a' beachdachadh air cleachdadh Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) gus neodrachd chosgaisean a ghleidheadh.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig Dàimh Choimhearsnachdan

Conaltradh leis a' mhòr-shluagh

A' bhuil air a bheilear ag amas	Adhartachadh A' toirt teachdaireachd bhrosnachail seachad gum bithear daonnan a' cur fàilte air conaltradh a nì am mòr-shluagh ann an Gàidhlig.
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Tha gach uile prìomh oifigear mothachail gun gabhar ri conaltradh anns a' Ghàidhlig.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Cuirear teachdaireachd bhrosnachail air an làrach-lìn againn ro dheireadh 2022 gum bithear a' cur fàilte air conaltradh anns a' Ghàidhlig.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Leantainneach fad beatha a' phlana.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig
A' bhuil air a bheilear ag amas	Conaltradh Sgrìobhte Bithear an-còmhaidh a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig (litricean, puist-d agus na meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean Gàidhlig a thoirt seachad a rèir a' phoileasaidh choitchinn.
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Tha gach uile prìomh oifigear mothachail gun gabhar ri conaltradh anns a' Ghàidhlig agus gun tèid freagair a thoirt seachad anns a' Ghàidhlig tro eadar-theangachadh a-staigh.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dearcnachadh leantainneach agus ath-ùrachadh trèanaidh mar a dh'fheumar. A' dèanamh cinnteach gun bidh teachdaireachd bhrosnachail air an làrach-lìn againn a dhearbhas gum bithear a' cur fàilte air conaltradh sgrìobhte anns a' Ghàidhlig.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ro dheireadh beatha a' phlana. Ùrachadh na làraich-lìn ro dheireadh 2022.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig

A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Ionadan-fàilte agus fònaichean</p> <p>Nuair as urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson sin a dhèanamh, agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis am measg a' mhòr-shluaigh.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Aig an àm seo, chan eil luchd-obrach le Gàidhlig ann a dh'fhaodadh an t-seirbheis seo a sholarachadh. Thathar air Trèanadh Gàidhlig a thairgsinn gu luchd-obrach Sheirbheisean Chustamair.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Ath-bhreithneachadh an uiread luchd-obrach Sheirbheisean Chustamair a choileanas an trèanadh còmhla ri measadh iarratais ùire on mhòr-shluagh. Ag amas air trèanadh Gàidhlig airson 10% luchd-obrach Sheirbheisean Chustamair gach bliadhna. A' rannsachadh am faodadh Gàidhlig a bhith anns an t-seirbheis eadar-theangachaidh fòn againn.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ro dheireadh 2023 agus dearcnachadh bliadhnail an dèidh sin.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig
A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Coinneamhan Poblach</p> <p>Thathar a' rannsachadh gu cunbhalach air cothroman a th' ann gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, agus thèid sanasachd a dhèanamh orra.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Tha prìomh luchd-obrach mothachail air an riatanas seo, a dh'aindeoin sin chan eil cothroman no feumalachdan air nochadh neo aithneachadh gu ruige seo.

Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dearcnachadh agus measadh leantainneach iarrtas/feumalachdan a thaobh sin ann an co-bhann ri Gaelic Dumgal agus com-pàirtichean cultarail eile.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ro dheireadh 2023 agus an uair sin dearcnachadh bliadhnail.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig.

Fiosrachadh

A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Brathan-naidheachd</p> <p>Thèid brathan-naidheachd air naidheachdan mòra agus a h-uile brath-naidheachd air cùis co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a sgaoileadh ann an Gàidhlig agus Beurla.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> A' brosnachadh deagh naidheachdan agus cothroman tro na sianailean mheadhanan agus meadhanan sòisealta againn.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dearcnachadh leantainneach cothroman agus a' leasachadh craoladh, a' gabhail a-a cunbhalachd/tricead.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ro dheireadh 2022 agus leantainneach an dèidh sin.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig. Sgioba Conaltradh na Comhairle.

A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Na Meadhanan Sòisealta</p> <p>Thèid susbaint Ghàidhlig a sgaoileadh gu cunbhalach anns na meadhanan sòisealta, agus sin a rèir an uiread luchd-cleachdaidh Gàidhlig a th' ann agus a dh'fhaodadh a bhith ann.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Tha susbaint Ghàidhlig air nochdadh air na meadhanan sòisealta gach ràith mu thuaiream aig an àm seo.

Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Dearcnachadh leantainneach chothroman agus a' leasachadh craoladh, a' gabhail a-steach cunbhalachd.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> • Ro dheireadh 2022 agus leantainneach an dèidh sin.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> • Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig. • Sgioba Conaltradh na Comhairle.
A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Làrach-lìn</p> <p>Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri làimh air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, agus prìomhachas ga thoirt do na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine a tharraing.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> • Tha susbaint Ghàidhlig ri làimh aig an àm seo air an duilleag Ghàidhlig sa làrach-lìn na Comhairle, còmhla ri eadar-theangachaidhean.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • A' meudachadh agus a' leasachadh susbaint Ghàidhlig air làrach-lìn na Comhairle, a' gabhail a-steach barrachd fhiosrachaidh mu chothroman ionnsachaidh, iomairtean ùra agus dualchas Gàidhlig.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> • A' meudachadh susbaint ro dheireadh 2022 agus barrachd susbaint ann gach bliadhna às dèidh sin.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> • Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig. • Sgioba Conaltradh na Comhairle.
A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Stuthan Foillsichte Corporra</p> <p>Thèid ullachadh ann an Gàidhlig agus Beurla, agus prìomhachas ga thoirt do na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine a tharraing.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> • Chan ann ach am plana fhèin agus an dreach leughadh furasda Plana Com-pàirtiche CPD a tha ri làimh anns a' Ghàidhlig.

Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Measadh fhoillseachaidhean eile a dh'fhaodadh a bhith ri làimh anns a' Ghàidhlig, le prìomhachas air a thoirt do dh'eadar-theagachadh Plana na Comhairle agus Plana Leasachadh Builen Ionadail aig an toiseach tòisichidh.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> • Measadh roghainnean ro dheireadh 2023. • Ag amas air eadar-theangaidhean na ciad thri prìomh Phlanaichean ri làimh rè 2022/23.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> • Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig. • Sgioba Conaltradh na Comhairle.
A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Tairbhe a' Chànain</p> <p>Tha pròiseas ann gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a gheibhear san fhiosrachadh chorporra uile aig deagh ìre agus gun gabh a tuigsinn.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> • Tha polasaidh a thaobh Bheurla Shimplidh an sàs ann aig Comhairle Dhùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh. • Chan fhaighear susbaint Ghàidhlig ach ann an àireamh chuibhrichte de fhoillseachaidhean. • Tha neach-eòlaiche ion-taighe ann, a dh'eadar-theangaicheas sgrìobhainnean àraidh, mar a fheumar sin. • Chan eil ach cothroman ion-taighe cuibhrichte ann gus sin a dhèanamh gu mòr-sgèileach, aig an àm seo.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • A' leasachadh agus a' toirt gu buil polasaidh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an sgrìobhainnean na Comhairle, air làraichean-lìn, ann am puist-dealain agus tro na meadhanan sòisealta. • A' measadh foillseachaidhean eile/fiosrachadh air a chuireas Gàidhlig. • A' measadh mar as urrainnear comasan a leudachadh gus taic a thoirt don obair seo.

Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> A' leasachadh polasaidh ùire ro dheireadh 2023. A' measadh roghainnean ro dheireadh 2024.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig. Sgioba Conaltradh na Comhairle.
A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Taisbeanaidhean</p> <p>Bu chòir beachdachadh gu cunbhalach air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a shealltainn gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, le prìomhachas ga thoirt don fheadhainn a dh'fhaodadh a' bhuaidh as motha a thoirt air cùisean.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Bha a' Chomhairle an làthair aig Fèis Leabhraichean Baile na h-Ùige 2019, gus taic a thoirt ri Plana na Gàidhlig a bhrosnachadh. Tha barrachd cothroman air an giorrachadh air sgàth Covid-19.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> A' beachdachadh air cothroman ùra còmhla ri com-pàirtichean, gu h-àraidh a thaobh cur air bhog a' phlana ùire aig tachartasan stèidhichte air cultar (Thoir aithne air co-dhiù 2 chothrom rè 2022/23).
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ro dheireadh 2023.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig.

Iuchd-obrach

A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Sgrùdadh air Sgilean</p> <p>In-sgrùdadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach agus na feumalachdan trèanaidh aca a thaobh Gàidhlig rè ùine gach plana.</p>
--	--

Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Chaidh in-sgrùdadh a choileanadh mar phàirt leasachadh a' Phlana ùire seo agus fhuaireadh 255 freagairtean bho luchd-obrach. Rinneadh anailis air toraidhean an in-sgrùdaidh.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Ag aithneachadh luchd-obrach a tha deònach taic a thoirt do ghnothaichean ionnsachadh na Gàidhlig, cothroman saor-thoileach nam measg. A' toirt gnìomhan leasachaidh/cothroman, a thàinig dhan bhàrr san in-sgrùdadh, a thoirt fàs air a' Ghàidhlig air adhart, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> - A' leudachadh nan goireasan ionnsachaidh Gàidhlig a tha ri làimh do luchd-obrach, E-sgoil nam measg. - A' brosnachadh chlasaichean còmhraidh Gàidhlig/tachartasan sòisealta a tha ri làimh mar-thà - A' cruthachadh modal e-ionnsachaidh ùr, a dhèiligeas ri mothachadh a thaobh Achd na Gàidhlig
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> A' leudachadh goireasan ionnsachadh na Gàidhlig agus gam brosnachadh do luchd-obrach rè 2022/23. Cur-air-bhol modal e-ionnsachaidh ùire rè 2023.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig.

A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Fiosrachadh Inntigidh</p> <p>Bidh fiosrachadh mu Phlana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich mar phàirt den fhiosrachadh inntigidh a gheibh luchd-obrach ùr.</p>
--	--

Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Mothachas mu Pholasaidhean agus ro-innleachdan na Comhairle ann mar phàirt a' phròiseas inntrigidh.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Tha cothroman ann mothachas agus tuigsinn mun phlana ùire a neartachadh tro leasachadh Modal Mothachaidh Ghàidhlig ùire air loidhne.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ri leasachadh, cur air bhog agus brosnachadh rè 2022/23.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig.

A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Trèanadh Cànan</p> <p>Thèid cothroman trèanaidh is leasachaidh airson sgilean Gàidhlig a thabhann don luchd-obrach, gu h-àraidh mar thaic do bhith a' coileanadh Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Tha Modalan Ionnsachaidh Gàidhlig ri làimh mar-thà air a' ghoireas ionnsachadh ion-taigh air loidhne agus air am brosnachadh gu luchd-obrach.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> A' leantainn oirnn a' brosnachadh agus a' leudachadh tairgse ionnsachaidh air loidhne. A' toirt taic do luchd-obrach cùrsaichean Gàidhlig barrantaichte taobh a-muigh a choileanadh. <ul style="list-style-type: none"> A' leudachadh goireasan ionnsachadh na Gàidhlig a tha ri làimh do luchd-obrach, E-sgoil nam measg. A' brosnachadh chlasaichean còmhraidh Gàidhlig/tachartasan sòisealta a tha ri làimh mar-thà. A' cruthachadh modal e-ionnsachaidh ùire na Gàidhlig, a ghabhas a-steach mothachadh mu Achd na Gàidhlig.

Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> A' leudachadh na tairgse ro dheireadh 2023 agus a' leantainn oirnn ga brosnachadh fad beatha a' phlana. Cur-air-bhog modal e-ionnsachaidh ùire mu Achd na Gàidhlig rè 2023.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig.

A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig</p> <p>Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleasan a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluaigh.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Cùrsaichean ionnsachaidh coitcheann air loidhne ri làimh le bun-stèidh co-ionann, le fòcas air luchd-obrach sheirbheisean chustamair.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> A' toirt misneachadh a thaobh cleachdadh ar tairgse ionnsachaidh air loidhne. A' leasachadh modal mothachadh na Gàidhlig ùire air loidhne do luchd-obrach.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> A' leasachadh modal mothachadh na Gàidhlig ùire air loidhne ro dheireadh 2023. A' leudachadh na tairgse ro dheireadh 2023 agus a' leantainn oirnn ga brosnachadh fad beatha a' phlana.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig. Ionad Ionnsachaidh agus Leasachaidh Corporra.

A' bhuil air a bheilear ag amas	<p>Fastadh</p> <p>A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sgilean Gàidhlig an lùib nam pròiseasan fastaidh air feadh an ùghdarras phoblaich.</p>
Na tha a' tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Aig an àm seo chan eil dreuchd no dreuchd anns a' Chomhairle far a bheil sgilean Gàidhlig nan riatanas deatamach.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> A' leanntainn dearcnachadh nam feumalachdan a nochdas taobh a-staigh seirbheisean na Comhairle gu leanntainneach.

Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ath-bhreithneachadh leantainneach fad beatha a’ phlana.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig. Goireasan Daonnra agus Leasachadh Eagrachail.

A’ bhuil air a bheilear ag amas	<p>Fastadh</p> <p>Bidh Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus / no a tha na buannachd ann an tuairisgeulan obrach gus cuideachadh le bhith a’ cur a’ Phlana Ghàidhlig an gnìomh agus a rèir an stiùiridh bho Bhòrd na Gàidhlig airson luchd-obrach fhadastadh.</p>
Na tha a’ tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Chan eil Gàidhlig a’ nochdadh anns na dealbhan-obrach/ comharrachadh dhaoine a th’ ann aig an àm seo, ach thathar a’ gabhail sin a-steach ann am planaichean-obrach oifigearan iomchaidh aig a bheil raon-ùghdarras sònraichte airson buileachadh Plana na Gàidhlig.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Ath-sgrùd, còmhla ri goireasna daonnra, nan dreuchdan far am bu chòir don Ghàidhlig a bhith na cuspair-deuchainn so-iarrtach.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ro dheireadh 2023.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig. Goireasan Daonna is Leasachadh Eagrachail.

A’ bhuil air a bheilear ag amas	<p>Fastadh</p> <p>Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.</p>
Na tha a’ tachairt an-dràsda	<p>Tha an t-ùghdarras mothachail air an riatanas seo, ged nach eil dreuchd no dreuch air aithneachadh far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach aig an àm seo.</p>

Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Dearcnachadh agus ath-bhreithneachadh leanntinneach.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Ath-bhreithneachadh leantainneach fad beatha a’ phlana
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig. Goireasan Daonna is Leasachadh Eagrachail.

Corpas Na Gàidhlig

A’ bhuil air a bheilear ag amas	<p>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig</p> <p>Leanaidh an t-ùghdarras Poblach Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire mar stiùir airson a h-uile rud sgrìobhte aca.</p>
Na tha a’ tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Tha an t-ùghdarras a’ gabhail ri seo a rèir an fhaclair.
Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Gèilleadh leantainneach.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none"> Leantainneach tro bheatha a’ phlana.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none"> Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig.

A’ bhuil air a bheilear ag amas	<p>Ainmean-àite</p> <p>Iarrar agus gabhar ri comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba air ainmean-àite Gàidhlig.</p>
Na tha a’ tachairt an-dràsda	<ul style="list-style-type: none"> Tha Gàidhlig Dumgal air rud beag obair a dhèanamh thaobh ainmean-àite, a cho-roinn iad leis a’ Chomhairle.

Na gnìomhan a tha dhìth	<ul style="list-style-type: none">• Ag obair ri Ainmean-Àite na h-Alba agus Gàidhlig Dumbgal ri leasachadh agus brosnachadh ainmean-àite Gàidhlig airson ar roinne.• A' leasachadh mapa ainmean-àite sa Ghàidhlig airson DG, agus am mapa seo air làrach-lìn na Comhairle.• A' rannsachadh chothroman do bhideothan goirid mu ainmean-àite sa Ghàidhlig a leasachadh agus a bhosnachadh.
Ceann-latha Coileanaidh	<ul style="list-style-type: none">• A' leasachadh mapa airson DG ro dheireadh 2023.• Leantainneach tro bheatha a' phlana seo.
An urra ri	<ul style="list-style-type: none">• Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig.

Ceangal ris an Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta

Cuidichidh na geallaidhean air am mìneachadh sa Phlana Ghàidhlig le bhith a' dèanamh adhartas leis na prìomhachasan san Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta, mar a leanas:

Clann agus Òigridh – cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do bharrachd Chloinn agus òigridh.

Cultar – le bhith a' cur am meud chothroman ionnsachaidh Gàidhlig ceangailte ri ealan agus ceòl, còmhla ri àinmean-aite, chuidicheadh sin ri aithneachadh agus comharrachadh dualchas Gàidhlig taobh a-staigh na roinne.

Eaconomaidh – a' measadh buaidh na Gàidhlig a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh na h-àireimh luchd-tadhail dhan roinn a chur am meud tro Sgrùdadh Luach Dualchas Gàidhlig.

Foghlam – le bhith a dhol an sàs ann ri luchd-ùidh a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig anns na sgoiltean.

Gheibhear làn fhiosrachadh mun Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta an seo <https://nationalperformance.gov.scot/>

Ceangal ri frèamaichean ionadail is roinneil

Tha Plana na Gàidhlig a' leudachadh na prìomh innleachdan/planaichean mar a leanas:

Prìomhachasan Comhairle DG

Togail an economaidh ionadail

- A' leasachadh ìrean sgile taobh a-staigh ar coimhearsnachdan agus luchd-obrach

A' toirt an toisich sa bheatha as fhèarr do gach uile pàiste

- A' togail miann air adhartas agus coileanadh, gu h-àraidh a thaobh neo-ionannachd

A' bhith Comhairle in-ghabhaltach

- A' leasachadh co-ionannachd chothroman

Plana Leasachadh Bhuilean Ionadail

- Buil 2 – Cothroman ionnsachaidh ri làimh dhan fheadhainn a dh' fheumas iad nas motha.
- Buil 8 – Daoine fa leth agus Coimhearsnachdan air an cumhachdachadh.

Plana Com-pàirtiche CLD 2021 -2024 (prìomh chùisean)

- Ionnsachadh, Sgilean is Comas-obrach
- In-ghabhaltachd agus Co-ionannachdan

Prìomhachasan Ro-innleachd Roinneil Eaconomach ceann a Deas na h-Alba

- Daoine Sgileil agus Miannach air adhartas
- Sàr-mhathas Cultarail agus Cruthachail

Foillseachadh a' phlana

A' Foillseachadh Is A' Toirt A' Phlana Am Follais

Taobh A-Staigh An Ùghdarrais

Nuair a chuireas Bòrd na Gàidhlig aonta ri Dreach seo a' Phlana, thèid a chur air an làrach-lìn a-staigh againne còmhla ri prìomh Phlanaichean eile na Comhairle. Nì prìomh oifigearan cinnteach gun dèanar brathan-ullachaidh agus stiùireadh ri taic a thoirt do thuigsinn mun phlana air fad, tro phrìomh Sheirbheisean Chomhairle mar Fhoghlam, Ionnsachadh fad Bheatha, Ealain is Cultar, Seirbheisean Chustamair agus Conaltradh.

Taobh A-Muigh An Ùghdarrais

Thèid Dreach seo a' Phlana Gàidhlig Comhairle Dhùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh fhoillseachadh ann an Gàidhlig is Beurla air an làrach-lìn againn. Cuideachd, nì sinn na leanas:

- sgaoilidh sinn brath-naidheachd dà-chànanach le fios mun phlana
- sgaoilidh sinn fios mun phlana tro dhiofar mheadhanan sòisealta
- cuiridh sinn lethbhric gu buidhnean 'fa leth' agus buidhnean eile, agus sinn a' mìneachadh dè bhios iadsan a' dèanamh gus cuideachadh le bhith a' coileanadh a' phlana
- cuiridh sinn lethbhric den phlana gu prìomh luchd-ùidhe sna roinnean poblach is priobhaideach agus san treas roinn
- cuiridh sinn lethbhric den phlana gu buidhnean Gàidhlig iomchaidh agus buidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis
- bheir sinn seachad lethbhric den phlana air pàipear ma thèid sin iarraidh

Mar A Thèid Am Plana A Mhaoineachadh

Thathar an dùil gum bith mòr-chuid nan obraichean-gnìomha a nochdas ann an Dreach seo a' phlana gun chosgaisean a thaobh bhuileachaidh, agus cleachdadh mhaoineachaidh taobh a-muigh nam measg, ma bhios sin ri làimh (m.e. GLAIF).

Cuidichidh cruthachadh Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig ri na prìomh ghnìomhan a thoirt gu buil agus bidh sinn ag obair gu dlùth ri Gàidhlig Dumgal gus cobhair a thoirt ri gnìomhan sònraichte air am mìneachadh anns ar geallaidhean a thoirt gu buil.

Thèid an ùidh luchd-obrach a nochdas tron In-sgrùdadh a rannasachadh, gu h-àraidh a thaobh an fheadhainn aig a bheil ùidh ann an saor-thoileachas.

A' Sgrùdadh Coileanadh A' Phlana

Tha e mar riatanas fo Achd na Gàidhlig (Alba) gun tèid sgrùdadh leantainneach a dhèanamh air Planaichean Gàidhlig.

Nì Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh dealasan taobh a-staigh Plana na Gàidhlig iomradh adhartais bliadhnail a sgrìobhadh a bheirear gu Bòrd na Gàidhlig agus a bhios ri làimh dhan mhòr-shluagh.

Am Plana Gàidhlig Taobh A-Staigh An Ùghdarrais Phoblaich

Uallach iomlan airson a' phlana

Tha an t-uallach iomlan airson mar a thèid Plana Gàidhlig Dhùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh ullachadh, a libhrigeadh agus a sgrùdadh air Richard Grieveson, Ceannard Seirbheisean Coimhearsnachd. 'S urrainn dhuibh fios a chur thuca tro na dòighean a leanas:-

Richard Grieveson

Ceannard Seirbheisean Coimhearsnachd

Richard.Grieveson@dumgal.gov.uk

Uallach Airson Mar A Thèid Am Plana A Choileanadh Bho Latha Gu Latha

Tha e an urra ri Stephen Jack, Manaidsear Ionnsachaidh Fad Beatha dèanamh cinnteach bho latha gu latha gun tèid Plana Gàidhlig Dhùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh a choileanadh is a sgrùdadh. Bu chòir dhuibh ceistean mu libhrigeadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Stephen Jack

Manaidsear Ionnsachaidh Fad Beatha Seirbheisean Coimhearsnachd

Stephen.Jack@dumgal.gov.uk

buidheann airson coileanadh is sgrùdadh a' phlana ghàidhlig

Cruthaichear Buidheann Buileachadh Plana na Gàidhlig a tha nas motha, gus taic a thoirt do bhuileachadh a' phlana ùire 2022 – 2027. Gheibh seo riochdachadh bho na Bhuidheann-stiùiridh a leanas:

- Sgilean, Foghlam agus Ionnsachadh
- Coimhearsnachdan
- Eaconomaidh is Goireasan

A thaobh sheirbheisean, riochdaichear Foghlam, Ionnsachadh Fad Beatha, Conaltradh, Ealain is Cultar agus Seirbhisean chustamairean aig a' char as lugha.

A' conaltradh ris an luchd-obrach

Tha a' Chomhairle air obair co-chomhairleachaidh le luchd-obrach a dhèanamh mar phàirt a' phrìomh cho-chomhairleachaidh a rinneadh ann an co-cheangal ri Dreach seo a' phlana ùr. Bha seo air a bhrosnachadh do luchd-obrach tro chonaltraidhean eileagtronaigeach ion-taighe, cuairt-iomraidhean luchd-obrach agus tro choinneamhan sgioba.

Bidh prìomh ghniomhasan in-fhillte a-steach planaichean-obrach Seirbheis fa leth agus thèid sin dhearcnachadh tro choinneamhan gach mìos agus cunntasan adhartais gu Comataidhean na Comhairle.

Bheir sinn air adhart an ùidh luchd-obrach a nochdas tron In-sgrùdadh agus cuiridh sinn am meud ar tairgseadh ionnsachaidh.

Buidhnean air astair agus treas Pàrtaidhean

Bidh a' Chomhairle ag obair gu dlùth le com-pàirtichean san treas earrann mar Ghàidhlig Dumgal tro bheatha a' Phlana.

Far a chuthaichear buidhnean air astair rè beatha a' phlana a th' ann mar-thà, feumidh iad am plana a leantainn far a bheir libhrigeadh sheirbheisean buaidh air geallaidhean a' phlana.



Air mullach Bheinn Mheurach



Circ Madrine

Eàrr-ràdh 1 - in-sgrùdadh comasan Gàidhlig

Coileanadh luchd-obrach thar dàimhean.

Communities	83
Economy & Resources	51
Response, Renew and Recovery	0
Skills, Education & Learning	97
Social Work	24



Pàirt-ùine air neo làn-ùine?

Part-time	68
Full-time	182




Am bu mhath leibh ur sgilean Gàidhlig a leasachadh tro thuilleadh trèanaidh?

Yes	107
No	142



Dè cho tric 's a tha sibh air Gàidhlig a chleachdadh agus sibh a' coileanadh ur ròl san àite-obrach, gu cuibheasach?

On a daily basis	0
Several times a week	0
Several times a month	2
No more than once a month	4
Not at all	249




An robh fios agaibh gu bheil 8 modalan ionnsachadh na Gàidhlig aig a' Chomhairle a tha air làimh tron chlàr ionnsachaidh air loidhne againn (FLO)?

Yes	20
No	235



An do fheuch air neo an do choileann sibh gin de na FLO?

Self	4
Friends, home, routine	1
Hobbies	1
Food & Drink	2
Festivals	1
Family	2
School	1
Animals	1



Dè an ùidh 's a th' agaibh ann an leasachadh ur sgilean Gàidhlig?



Very interested	46
Fairly interested	54
Not sure	21
Not very interested	30
No at all interested	103




Dè an ìre gu bheil sibh ag aontachadh ris na abairtean ceangailte ri cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Dhùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh?

	Aontaich gu làidir	Aontaich	Neodrach	An aghaigh	Gu làidir an aghaidh
Chan eil a' Ghàidhlig cudromach do dh' obair Comhairle Dhùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh	25.2%	19.3%	33.9%	15.7%	5.9%
'S ann cudromach 's gun urrainn do luchd-cleachdaidh conaltradh a dhèanamh leis a' Bhuidheann	12.5%	32.2%	29.4%	10.6%	15.3%
Chan eil a' Ghàidhlig buntainneach dhomh san dreuchd agam	34.1%	25.5%	27.1%	1.4%	2%
Tha mi a' toirt taic do dh' oidhirpean a' Chomhairle Gàidhlig a leasachadh air feadh na buidhne	18.4%	25.5%	29.8%	7.1%	19.2%
Tha mi a' tuigsinn ròl na seirbheise agam ann am buileachadh plana na Gàidhlig Chomhairle Dhùn Phris is Gall-Ghàidheallaibh	5.6%	12.3%	39.7%	22.6%	19.8%

Eàrr-ràdh 2 – co-chomhairleachadh poblach




A rèir Còd-phostachd			
DG1	22	DG6	5
DG2	23	DG7	18
DG3	5	DG8	25
DG4	2	DG9	16
DG11	11	DG12	15
DG13	1		



Beachdan cuideachail coitcheann a fhuair eadh mu shusbaint dreach a' phlana



- Dh'fhaodadh an aithris san ro-ràdh agus eachdraidh na Gàidhlig a bhith leasaichte/meudaichte
- Ceartaich mionaideachd ainmean-àite Gàidhlig agus soilleirich mar a thèid an cleachdadh san àm ri teachd
- Neartaich in-chur/aithris a thaobh Gàidhlig Dumgal
- Togail air cur-an-aithne do Gàidhlig air a dhèanamh le Fèis Rois anns na bun-sgoiltean
- Chuidicheadh leasachadh chothroman Gàidhlig mothachadh agus tuigse chultarail a chur am meud
- Feumaidh gum bi amasan/miannan-adhartais nas sònraichte/fòcusaichte agus ann an deagh ùine
- Taic an dà chuid airson agus an aghaidh ionnsachadh na Gàidhlig anns na sgoiltean
- Leasaich modal Mothachadh na Gàidhlig air loidhne
- Rannsaich cothroman mun dualchas cultarail/brosnachadh luchd-tadhail chun na roinne
- Coimiseanaich Sgrudadh Luach Dualchas na Gàidhlig
- Cuir barrachd shoidhnichean Gàidhlig ann
- Beachdaich air cothroman Cho-cheanglaichean còmhla ri bailtean eile

Geàrr-chunntas a rèir an uiread fhreagairtean (Leughadh na Gàidhlig)	
Bunaiteach	21
Fileanta	4
Eadar-mheadhanach	7
Càil sam bith	106




Geàrr-chunntas a rèir an uiread fhreagairtean (Sgrìobhadh na Gàidhlig)	
Bunaiteach	16
Fileanta	4
Eadar-mheadhanach	5
Càil sam bith	64

Geàrr-chunntas a rèir an uiread fhreagairtean (Luchd-labhairt na Gàidhlig)	
Bunaiteach	22
Fileanta	2
Eadar-mheadhanach	7
Càil sam bith	59



Geàrr-chunntas a rèir an uiread fhreagairtean (Tuigsinn na Gàidhlig)	
Bunaiteach	19
Fileanta	4
Eadar-mheadhanach	7
Càil sam bith	60



	Ùidh mhòr	Ùidh mheadhanach	Chan eil mi cinnteach	Chan eil mòran ùidh ann	Gun ùidh
Mothachadh mu eachdraidh agus dualchas na Gàidhlig ann an Alba	24.9%	15.5%	2.1%	7.7%	50%
Sùim agus tuigse ann am buntanas àite na Gàidhlig ann an Alba nuadh-aimsireil	25%	13.3%	8.3%	5.8%	47.5%
Tuigse air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	18.5%	10.9%	9.2%	10.1%	51.3%
Tuigse air buntanas Plana Gàidhlig Comhairle Dhùn Phris is Gall-Ghàidheallaibh	20.2%	18.5%	6.7%	7.6%	47.1%
Ùidh ann a bhith do chuid eòlais mun Gàidhlig a chur air adhart	29.2%	15%	2.5%	5%	48.3%